

1. Creideamh | Belief

Sgrìobh  - Cuir an creideamh ceart anns na beàrnan seo:

1. Tha a' mhòr-chuid den t-sluagh anns na h-Innseachan nan _____.
2. Tha a' mhòr-chuid den t-sluagh ann am Braisil nan _____.
3. Tha a' mhòr-chuid den t-sluagh ann am Bhiet-Nam nam _____.
4. Tha a' mhòr-chuid den t-sluagh anns an Danmhairg nam _____.
5. Tha a' mhòr-chuid den t-sluagh ann an Iòrdan nan _____.

2. A bheil thu ga chreidsinn? | Do you believe it?

Sgrìobh  - Lìon na beàrnan leis a' ghràmar cheart an seo:

1. Chuala mi gun robh Iain _____ an latha roimhe. [a' moladh + mi]
2. A bheil thu cinnteach gum bi Màiri _____? [a' cuideachadh + iad]
3. Bhiodh Sìne _____ mura biodh i air a cas a bhriseadh. [a' dràibheadh + sinn]
4. Saoilidh mi gum bi Anndra _____ bhon stèisean. [a' togail + thu]
5. Fàg an dinnear an sin. Bidh Seumas _____ nuair a thilleas e. [ag ithe + i]
6. 'S e coiridh a bhios againn feasgar. Tha mi _____ an-dràsta. [a' còcaireachd + e]

3. Creid no na creid e! | Believe it or not

Sgrìobh  na gnìomhairean seo a-rithist **sa chruth àicheil** 'in the negative form':

1. **Creididh** iad a h-uile rud a sgrìobhas an dotair anns an aithisg.

2. Tha mi a' smaoinichadh **gun treòraich** na boireannaich sibh air an turas agaibh.

3. **Leasaichidh** a' Chomhairle an seann togalach a tha a' tuiteam às a chèile.

Sgrìobh ✎ a' cheist cheart airson nam freagairtean seo:

1. _____
Cha do chreid. Cha do chreid mi na thuirt an stiùiriche idir.
2. _____
Creididh. Creididh i thu ma bhios tu fìrinneach agus soilleir.
3. _____
Dh'iompaich. Dh'iompaich an teaghlach gu lèir.

4. Dèanamaid ùrnaigh | Let us pray

Sgrìobh ✎ - Cuir na seantansan seo dhan Ghàidhlig leis a' mhodh àithneach.

1. Let me make dinner tonight. _____
2. Let us go home. _____
3. Let him drink the water. _____
4. Let us not sing that song. _____

5. Tobar an Dualchais | Kist o' Riches

Èist 🎧 - www.tobarandualchais.co.uk/speakgaelic/b1-16-creideamh-belief

Cuimhnich gu bheil e cudromach gun èist sinn ri Gàidhlig cho tric 's a ghabhas. Èist ris a' chlàradh a tha seo, agus an uair sin èist a-rithist ris a' leughadh an **tar-sgrìobhaidh** 'transcription' aig an aon àm.

Coinneach: 'S e àm cudromach dhen a' bhliadhna a tha seo do luchd-leantainn creideamh Ioslaim, an deireadh-seachdain seo a' comharrachadh àm Ramadain a' tòiseachadh. Bidh sinn a' cluinntinn is a' leughadh mun seo tric gu leòr, ach dè tha e a' ciallachadh dha-rìribh do luchd-leantainn a' chreideimh? Tha an t-Urramach Cailean MacLeòid fìor eòlach air a' chuspair. Tha e còmhla rium air an loidhne à Dùn Deagh an-dràsta. Madainn mhath, a Chailein.

An t-Urr Cailean MacLeòid: Madainn mhath.



Coinneach: *Dè cho cudromach is a tha Ramadan do luchd-leantainn Ioslaim?*

An t-Urr MacLeòid: *Uill, an t-àm as cudromaiche den bhliadhna a th' ann dhaibh. Tha iad ri trasgadh bho moch gu dubh... bhon àm a dh'aithnicheas tu an diofar eadar snàithlean dubh agus snàithlean geal, gu an t-àm air feadh na h-oidhche nach aithnich thu an diofar, agus chan urrainn dhut fiù 's do smugaid fhèin a shlugadh. Ma nì thu... ma nì thu a dh'aona-gnothaich e. Ma nì thu gun fhiosta e, tha thu alright, ach ma nì thu a dh'aona-gnothaich e, tha sin ceàrr. 'S chan urrainn dhut biadh ithe no càil òl no rud sam bith.*

Coinneach: *Chan fhaod thu càil òl fiù 's?*

An t-Urr MacLeòid: *Chan fhaod. Chan fhaod agus tha e gu math cruaidh... gu h-àraid, uill, man [mar] a tha mi a' chreidsinn, a tha fhios agad... tha an calendar Muslamach, tha e a' leantainn a' ghealach [na gealaich] agus tha sin a' ciallachadh gu bheil e ag atharrachadh a h-uile bliadhna, a rèir a' chalendar againne, agus thurchair [thachair] an-dràsta gu bheil Ramadan a' tachairt meadhan a' gheamhraidh, ach can gum biodh e meadhan an t-samhraidh agus gum biodh tu ann an Saudi Arabia, mun [mura] b' urrainn dhut càil òl no càil ithe bho mhoch gu dubh, bhiodh sin gu math gu math cruaidh ort.*

Sgrìobh  - Èist a-rithist ris a' chlàradh agus freagair na ceistean seo:

1. Carson a tha an t-àm air a bheil Coinneach agus Cailean a' bruidhinn cudromach do luchd-leantainn Ioslaim?

2. Dè bhios luchd-leantainn Ioslaim a' dèanamh aig an àm seo dhen bhliadhna?

3. Cuin a tha e ceàrr a bhith a' slugadh do chuid smugaid fhèin?

4. Dè bhios am mìosachan 'calendar' Ioslamach a' leantainn?

5. Carson a bhiodh e cruaidh ort a bhith ri trasgadh ann an Saudi Arabia ann am meadhan an t-samhraidh?

Cuspair 16B

Freagairtean

Digital content: speakgaelic.scot

B1

1 - Creideamh | Belief

1. Tha a' mhòr-chuid den t-sluagh anns na h-Innseachan nan Hionduthaich.
2. Tha a' mhòr-chuid den t-sluagh ann am Braisil nan Caitligich | Crìosdaidhean.
3. Tha a' mhòr-chuid den t-sluagh ann am Bhiet-Nam nam Budaich.
4. Tha a' mhòr-chuid den t-sluagh anns an Danmhairg nam Pròstanaich.
5. Tha a' mhòr-chuid den t-sluagh ann an Iòrdan nan Ioslamaich.

2 - A bheil thu ga chreidsinn? | Do you believe it?

1. Chuala mi gun robh Iain gam mholadh an latha roimhe.
2. A bheil thu cinnteach gum bi Màiri gan cuideachadh?
3. Bhiodh Sìne gar dràibheadh mura biodh i air a cas a bhriseadh.
4. Saoilidh mi gum bi Anndra gad thogail bhon stèisean.
5. Fàg an dinnear an sin. Bidh Seumas ga h-ithe nuair a thilleas e.
6. 'S e coiridh a bhios againn feasgar. Tha mi ga chòcaireachd an-dràsta.

3 - Creid no na creid e! | Believe it or not

1. **Cha chreid** iad a h-uile rud a sgrìobhas an dotair anns an aithisg.
2. Tha mi a' smaoinichadh **nach treòraich** na boireannaich sibh air an turas agaibh.
3. **Cha leasaich** a' Chomhairle an seann togalach a tha a' tuiteam às a chèile.

1. An do chreid thu na thuirt an stiùiriche?
2. An creid i mi?
3. An do dh'iompaich an teaghlach gu lèir?

4 - Dèanamaid ùrnaigh | Let us pray

1. Dèanam dinnear a-nochd.
2. Falbhamaid dhachaigh.
3. Òladh e an t-uisge.
4. Na seinneamaid an t-òran sin.

5 - Tobar an Dualchais | Kist o' Riches

1. 'S e an t-àm a bhios luchd-leantainn Ioslaim a' comharrachadh Ramadan a th' ann. 'S e Ramadan an fhèis as cudromaiche sa bhliadhna do luchd-leantainn Ioslaim.
2. Bidh iad ri trasgadh. Cha bhi iad ag ithe no ag òl sìon.
3. Chan eil e ceadaichte ma nì thu a' dh'aona-gnothaich e aig àm Ramadain.
4. A' ghealach. Bidh am mìosachan Ioslamach a' leantainn na gealaich.
5. Bhiodh e cruaidh ort a bhith ri trasgadh ann am meadhan an t-samhraidh ann an dùthaich theth sam bith. Mura h-eil thu ag ithe no ag òl rud sam bith ann an dùthaich theth ann am meadhan an t-samhraidh dh'fhaodadh sin a bhith cunnartach. Bhiodh an t-acras agus am pathadh ort.